

## **Ath-sgrùdadh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba 2016**

### **Bliadhna Air Leth Soirbheachail**

Tha bliadhna air leth soirbheachail air a bhith aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba is sinn air fàilte a chur air còrr is 2.4 millean luchd-tadhail anns na taighean-tasgaidh againn, air 150 bliadhna de Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a chomharrachadh, agus air Ro-innleachd ùr a leasachadh airson ar stiùireadh sna ceithir bliadhna a tha romhainn.

Tha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' tarraing saidheans, ealain, saoghal nàdarra agus iomadachd nan cultaran daonna còmhla, mar aon de na prìomh thaighean-tasgaidh san t-saoghal, is sinn ag iarraidh air luchd-tadhail a thighinn is an saoghal a rannsachadh fo na cabair againn. Chaidh a stèidheachadh ann an 1866 mar Thaigh-tasgaidh Saidheans is Ealain Dhùn Èideann, mar sin, bha e iomchaidh gun rachadh na 150 bliadhna a chomharrachadh le fosgladh de dheich gaileiridhean ùra stèidhichte air na cuspairean sin.

Aig àm na Càisge, chaidh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich a shìor-atharrachadh nuair a chaidh dà hangar bhon Dàrna Cogadh ath-ùrachadh agus taisbeanaidhean beothail tarraingeach eagrachadh a bheir piseach air taisbeanadh nan cruinneachaidhean àraid.

Bhathar ag iarraidh aig teis-meadhan gach pròiseict cothroman air na cruinneachaidhean àraid againn fhaicinn a leudachadh agus tha sinn an dòchas gun tig barrachd luchd-tadhail a gheibh tlachd is brosnachadh às na taisbeanaidhean ùra an-diugh agus sna bliadhnaichean ri teachd.

Tha obair a-nis air tòiseachadh air an ath-cheum den leasachadh aig Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta, an dèidh fosgladh an ionaid stòrais is rannsachaidh ùr-nodha anns an Ògmhios 2015. Thèid obair an ionaid seo mar phrìomh ghòireas an lùib nam prògraman nàiseanta is eadar-nàiseanta againn a dhaingneachadh. Tha sinn cuideachd air tòiseachadh air a' cheathramh is a' chòigeamh cheum den Mhòr-phlana 15 bliadhna againn airson Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ath-ùrachadh agus tha dà ghaileiridh ùr ri fhosgladh ann an 2018/19, a bheir sealladh às ùr air na cruinneachaidhean cudromach againn air an Èiphit agus Àisia an Ear.

Anns an àm a tha romhainn, tha an Ro-innleachd 2016-20 againn - a tha a' leantainn còrr is deich bliadhna de dh'in-ionmhas leantainneach sna cruinneachaidhean, taighean-tasgaidh agus luchd-tadhail - ag amas air ar toirt a dh'ionnsaigh ìre nas àirde. Tha i mar thoradh air an dealas againn airson ar luchd-tadhail a shàsachadh is a bhrosnachadh, airson na togalaichean eachdraidheil againn a mhaoineachadh agus airson na cruinneachaidhean againn a rannsachadh, a thaisbeanadh agus a sgaoileadh. Bha an obair againn a-riamh ga sgaoileadh air feadh na dùthcha ach tha e cudromach gu bheil barrachd cuideim ga chur air a' bhuidhe shòisealta, eaconamaich is chultarail 'thar nam bailtean' san Ro-innleachd ùir.

Tha coileanadh ar cuid amasan an eisimeil air taic mhòr airgid, an dà chuid poblach is prìobhaideach. Tha e fa-near dhuinn gun leudaichear na comasan is sgilean againn airson maoinachadh a thogail à tùsan poblach agus dòigh nas tionnsgainniche a leasachadh a neartaicheas an teachd a-steach coimeirsealta againn.

Agus bu mhath leinn ar taing a thoirt don luchd-obrach againn a tha air a bhith ag obair gu cruaidh le dealas agus comas airson bliadhna fìor shoirbheachail a thoirt gu buil.

Bruce Minto OBE, Cathraiche  
Dr Gordon Rintoul CBE, Stiùiriche

## **Innleachdas agus Brosnachadh**

Chaidh deich gaileiridhean mòra ùra agus piazza ùr spaideil fhosgladh Dihaoine 8 Iuchar 2016 aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar chomharra air 150 bliadhna den Taigh-tasgaidh.

B' e seo an ceum as ùire den Mhòr-phlana airson an Taigh-tasgaidh ath-ùrachadh. Tha maoin eachadh luach £14.1 million ann an gaileiridhean ùr-nodha air leigeil leinn cuid a nithean a thaisbeanadh airson a' chiad uair o chionn fhada, ar cruinneachaidhean a thaisbeanadh ann an dòighean ùra agus cothroman cleachdaidh a' mhòir-shluaigh a leasachadh.

Tha na gaileiridhean tionnsgnach ùra ag iarraidh air luchd-tadhail a dhol air turas rannsachaidh còmhla riutha an lùib innleachdais is cruthachalachd shaidheansail agus tro ealain, fasan agus dealbhadh. Tha an obair ath-nuadhachaidh air cruth agus seallaidhean tùsail an Taigh-tasgaidh ath-stèidheachadh, a' brosnachadh siubhail eadar na gaileiridhean agus an luchd-tadhail a' faighinn seallaidh air na bhios ri fhaicinn nas fhaide air adhart.

Chì an luchd-tadhail na cruinneachaidhean mar nach fhacas a-riamh iad, agus fiosrachadh mionaideach ann tro lionra de bhileagan didseatach, prògraman lèir-chlaidneach agus taisbeanaidhean - còrr is 150 taisbeanadh eadar-obrachail uile gu lèir, eadar modalan toinnte innleadaireachd bho linn Bhictoria agus balùnaichean, roth hamstair aig meud duine, cothrom air dealbhadh fasain didseatach agus grunn sgrìonaichean-suathaidh is filmichean.

Tha na gaileiridhean Saidheans is Teicneolais againn air cuid den fheadhainn as cudromaiche san Roinn Eòrpa agus iad aig teis-meadhan stèidheachadh Taighean-tasgaidh na h-Alba mar phrìomh-ionad airson eòlas a chur air saidheans agus airson luchd-saidheans, innleadairean, luchd-ealain is dealbhadairean an ama ri teachd a bhrosnachadh.

Tha sinn an taing mhòr ar luchd-maoin eachaidh gu lèir: Maoin Dualchais a' Chrannchair, Wellcome, agus Riaghaltas na h-Alba, iomadh urras carthannach, stèidheachd agus companaidh agus faisg air 800 luchd-tabhartais fialaidh. Cha bhiodh stèidheachadh nan gaileiridhean air a bhith comasach às an aonais.

Àireamhan a' phròiseict:

**3700 m<sup>2</sup>** Meud iomlan nan gaileiridhean ùra

**3,000+** Nithean gan taisbeanadh anns na gaileiridhean ùra

**75%** Cuid de na nithean nach fhacas o chionn ginealaich no barrachd

**150+** Taisbeanaidhean eadar-obrachail anns na gaileiridhean ùra

**21,000** Uairean de dh'ùine glèidhidh gan cosg ag ullachadh nan nithean

**62** Luchdan làraidh gan aiseag bhon Ionad Chruinneachaidh

**400** Nithean ùra airson taisbeanadh anns na gaileiridhean ùra

## **A' Chiad Sealladh**

Anns na trì mìosan an dèidh fosgladh nan gaileiridhean ùra againn san Iuchar 2016, bha còrr is 600,000 daoine air tadhal air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. B' e sin àrdachadh de 30% air na h-aon mhìosan an-uiridh.

Bha meas mòr aig luchd-tadhail agus na meadhanan air na gaileiridhean ùra.

*"Bhon bhalconaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, tha e coltach gu bheil toradh gu lèir mac-an-duine air a rèiteachadh airson an neach-tadhail...bu chòir gun daingnich an t-ùrachadh luach £14.1 millean [Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba] mar ionad le cliù eadar-nàiseanta" (The Times)*

*"bheir [na gaileiridhean ùra] an luchd-turais air turas eòlais air leth" (Metro)*

*"tha rudan an seo a chòrdas ris a h-uile duine" (The Herald)*

*"Air aon de na taighean-tasgaidh as fheàrr san t-saoghal" (The Press and Journal)*

## Ath-nuadhachadh agus Tàladh

Chaidh dà hangar a bha air an ath-nuadhachadh fhosgladh aig àm na Càisge aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, agus e air a dhaingnachadh mar aon de na taighean-tasgaidh itealaich as cudromaiche san Rìoghachd Aonaichte agus san Roinn Eòrpa.

Chaidh dà hangar a bhuineas don Dàrna Cogadh, is a tha cudromach gu nàiseanta, fhosgladh agus chaidh taisbeanaidhean ùra a hruthachadh a dh'innseas sgeul ceud bliadhna de dh'itealaich armach is shìobhalta, an lùib pròiseict luach £3.6 millean, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchair, Riaghaltas na h-Alba, Urras Robasdain, Urras MhicRaibeirt agus Viridor Credits.

Tha còrr is 30 itealan rim faicinn anns a' chruinneachadh againn, nam measg an t-itealan ainmeil Supermarine Spitfire, itealan eiridinn Britten-Norman Islander, agus an eisimpleir as sine de dh'itealan Hawker Siddeley Harrier. Chaidh siostam teasachaidh bun-talmhainn fo-ùrlair a chur ann an lùib na h-obrach, a leigeas le nithean nas lugha a bhith gan taisbeanadh ri taobh nan itealan a leithid èideadh, sgrìobhainnean, dealbhan is buill-airm.

Tha na taisbeanaidhean ùra a' toirt eòlais don luchd-tadhail air na daoine ceangailte ris na h-itealain agus ris an t-suidheachadh anns an deach an cruthachadh, agus ag aithris sgeul teicneolas is dealbhadh nan itealan. Chaidh sgeulachdan nam paidhleatan, einnseanairean, criuthaichean is luchd-siubhail a chruinneachadh anns a' phròiseact '*Collecting Digital Stories*' a tha a' nochdadh air sgrìonaichean-suathaidh cuide ris na h-itealan aca.

Tha sreath de ghnìomhan co-obrachaidh gar cuideachadh, cuide ris na taisbeanaidhean ùra, le bhith a' leudachadh meud an luchd-tadhail againn. Tha an obair againn cuide ri coimhearsnachdan ionadail air leigeil leinn co-obrachadh le barrachd dhaoine, aig an Taigh-tasgaidh agus an àiteachan eile. Tha sinn cuideachd air prògram de bhuidhnean-obrach air leasachadh sgilean a chur air dòigh dha daoine òga, is sinn a' leasachadh sgilean innleadaireachd, fàilteachaidh agus aithris sgeulachdan.

*"Tha thu a' fosgladh doras na h-eachdraidh nuair a dh'fhosglas tu dorsan an dà hangar seo a bhuineas don Dàrna Cogadh. Thig na sgeulachdan mu na h-innealan itealaich iongantach beò ann an dòigh a bhrosnaicheas, a dh'ionnsaicheas agus a leigeas leis a' mhac-meanmna falbh air iteag. Tha e na thlachd dhuinn gum b' urrainn dhuinn a bhith an sàs ann an ath-bheothachadh a' chruinneachaidh àraid seo agus sinn an taing a' mhaoineachaidh a fhuair bhon Chrannchar Nàiseanta. Bidh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich a' fàs mar thoradh air sin mar ionad turasachd eadar-nàiseanta agus mar ghòireas foghlaim luachmhor."*

Lucy Casot, Ceannard Maoin Dualchais a' Chrannchair ann an Alba

80,595 luchd-tadhail aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich ann an 2015/16  
15,705 àireamh as motha de dhaoine aig Fèis-itealan Nàiseanta na h-Alba 2016

## **Buidh Taobh A-muigh an Taigh-tasgaidh**

Tha ar cuid obrach ionadail a' leantainn air feadh na h-Alba, cuide ri taghadh farsaing de thaighean-tasgaidh is buidhnean eile airson ar cuid chruinneachaidhean agus eòlais a sgaoileadh. Bha e fa-near dhuinn, am measg nam prìomh amasan againn, iomhaigh agus comasan thaighean-tasgaidh ionadail a neartachadh, àireamhan luchd-tadhail a mheudachadh agus luchd-amhairc a bhrosnachadh.

## **Tursan agus Caidreachas**

Tha sinn air a bhith a' co-obrachadh le ochd taighean-tasgaidh ann an Alba, is sinn a' comharrachadh ceud bliadhna a' Chogaidh Mhòir, airson cruinneachaidhean nàiseanta is ionadail a thoirt còmhla an lùib taisbeanadh thaisteach. Tha *Next of Kin* ag aithris sgeulachdan mun dealachadh is chall a dh'fhulaing teaghlaichean Albannach sa Chogadh Mhòr. Tha an turas, a leanas gu 2017, air tadhal air còig àiteachan cheana agus tha mu 42,000 daoine air fhaicinn.

Chaidh dà sgàthan bho Linn an Iarainn a thoirt do thaighean-tasgaidh air feadh na Rìoghachd Aonaichte an lùib an taisbeanadh againn, *Reflections on Celts*. Chuir gach taigh-tasgaidh nithean bho na cruinneachaidhean aca fhèin ann agus chuir iad bùithtean-obrach do sgoiltean is tachartasan coimhearsnachd air dòigh stèidhichte air na Ceiltich. Chùm an tachartas seo taic ri prìomh thaisbeanadh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, *Celts*, ann an co-bhonn le Taigh-tasgaidh Bhreatainn.

## **Cumail Taic ri Roinn nan Taighean-tasgaidh**

Tha sinn a' sgaoileadh ar cuid eòlais tro phrògraman trèanaidh an-asgaidh do luchd-obrach taigh-tasgaidh air feadh na h-Alba. Ann an 2015/16, libhrig sinn 250 prògram ionnsachaidh do luchd-obrach aig 75 buidhnean ann an 26 sgìrean ùghdarras ionadail ann an cuspairean a leithid làimhseachadh nithean airson ionnsachaidh, stiùireadh cruinneachaidhean Èipheiteach, agus ciamar a chuirear iomairt maoinachaidh-sluaigh air dòigh.

## **Sgaoileadh nan Taisbeanaidhean**

'S ann air iasad a tha mun treas cuid de na nithean àraid a tha gan taisbeanadh aig taigh-tasgaidh ùr nan Eilean bho chruinneachaidhean Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a leithid grunn thasgaidhean airgid Lochlannach agus càr Morgan 1923 le trì rothan a bhuineadh ri cuideigin às an eilean. Bidh neart chothroman ùra an lùib nan iasadan seo airson co-obrachadh cruthachail sna bliadhnaichean ri teachd, agus tha grunn phròiseactan sa bheairt cheana.

"Tha an com-pàirteachas le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air a bhith riatanach an lùib leasachadh an taigh-tasgaidh ùir. Tha an co-obrachadh dlùth le luchd-obrach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air cur ri taisbeanadh aig ìre àrd anns am faigh an luchd-tadhail tlachd mòr."

Nick Mac a' Ghobhainn, Manaidsear Dualchais aig Museum nan Eilean

## **Soirbheachadh An Lùib Co-obrachaidh**

Tha co-obrachadh cuide ri com-pàirtichean a' leigeil leinn ar goireasan a chur gu barrachd feum agus luchd-cleachdaidh air feadh na h-Alba, Bhreatainn is an t-saoghail a ruigsinn.

### **Com-pàirteachas ro-innleachdail**

Chaidh am prìomh thaisbeanadh, *Celts*, eagrachadh an com-pàirteachas le Leabharlann Bhreatainn. Sheall e fuasgladh air sgeul toinnte nan sluaghan air an do chuireadh 'Ceiltich' tro na nithean àraid a rinn is a chleachd iad. 'S e seo a' chiad turas a tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air co-obrachadh le Leabharlann Bhreatainn air pròiseact mòr mar seo agus bha sgiobaidhean às an dà bhuidhinn an sàs a' co-obrachadh air glèidheadh, dealbhadh is brosnachadh an taisbeanaidh. Bha còrr is 300 nithean àraid às an Rìoghachd Aonaichte is an Roinn Eòrpa gan cruinneachadh airson a' chiad turais anns an taisbeanadh agus cha bhiodh seo air a bhith comasach às aonais a' cho-obrachaidh seo.

### **Rannsachadh ùr-nodha**

Anns a' bhliadhna a chaidh seachad, tha sgioba de luchd-rannsachaidh aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Suirbhidh Gheòlasach Bhreatainn. agus Oilthighean Leicester, Cambridge is Southampton, air a bhith ag obrachadh còmhla airson na fosailean a lorg an t-eòlaiche-fosailean Albannach, Stan Wood, a rannsachadh. Tha e fa-near gun tèid mìneachadh a thoirt air ciamar a ghluais beathaichean druim-altach bhon uisge don talamh.

Air a mhaoineachadh le Natural Environment Research Council agus Maoin Dualchais a' Chrannchair, tha am pròiseact TWeed (Tetrapod World: gnè-fhàs tràth agus eagsamhlachadh) an lùib sgrùdaidh anns na Crichean a tha a' sireadh fianais fosailean airson am beàrn ann an eòlas gnè-fhàis a lionadh. Chaidh an taisbeanadh *Fossil Hunters* a stèidheachadh air an rannsachadh anns an robh fosailean ùra agus mìneachadh air na dòighean saidheansail a bha gan ùisneachadh airson an toirt às agus an sònrachadh. Tha an taisbeanadh air turas do thaighean-tasgaidh eile ann an Alba an-dràsta.

### **Comharrachadh eachdraidh**

Chomharraich an taisbeanadh *Life Support: Stories from The Royal Regiment of Scotland* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh a' chiad deich bliadhna de dh'obair na Rèisimeid. Chaidh a dhèanamh an com-pàirteachas le Rèisimeid Rìoghail na h-Alba agus tha sealladh ùr ri fhaicinn ann air sabaid is sìth ann am beatha nan saighdearan Albannach tro chruinneachadh de sgeulachdan is agallamhan leis na daoine, saighdearan is sìobhaltaich, a tha an lùib an lionraidh aig baile agus aig blàr.

### **Uidheamachadh don àm ri teachd**

Tha sinn a' daingneachadh nan ceanglaichean againn le àrd-sgoiltean, an lùib Leasachadh Sgilean na h-Alba, agus a' ceangal nan gaileiridhean againn le roghainnean dreuchdail do dhaoine òga. Chaidh dithis luchd-obrach aig Leasachadh Sgilean na h-Alba fhadth an lùib an sgioba Ionnsachaidh is Phrògraman againn airson taic a chumail ri tadhalan foghlaim do na gaileiridhean ùra. Anns a' Mhàrt 2016, chùm sinn a' chiad *Careers Hive* cuide ri Fèis Saidheans Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann airson cuspairean agus dreuchdan ann an Saidheans, Teicneolas, Innleadaireachd agus Matamataig a mholadh do sgoilearan. Ghabh còrr is 2000 sgoilear pàirt thar seachdain ann am bùithtean-obrach, òraidean is taisbeanaidhean le eòlaichean bhon ghnìomhachas.

## **A' Tàladh Luchd-tadhail Ùr**

Tha an obair againn a' leantainn airson an luchd-tadhail a leudachadh tro phrògraman innleachdail is dòighean ùra air buidhnean a tha 'doirbh a ghlacadh' mar as àbhaist a thàladh.

### **A' togail meanbh-thaigh-tasgaidh**

Chaidh am meas buan a th' air blocaichean Lego® a chur gu feum mar bhun-stèidh aig prògram airson luchd-tadhail eadar-mheasgte a tharraing, an lùib Bliadhna Innleachdais, Ailtireachd is Dealbhaidh, agus na Fèis Ailtireachd. Chaidh cuid de mhìorbhailean togte an t-saoghail a thogail le Lego®, eadar Colosseum na Ròimhe agus an Empire State Building. Bha tachartasan teaghlach aig teis-meadhan a' phrògram anns an deach Fear Tàileisg Leòdhas a thogail leis a' mhòr-shluagh agus modal de Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a thogail, far an deach iarraidh air daoine, a dh'aindeoin aois no chomasan, obair togail fheuchainn dhaibh fhèin.

### **Spòrs na fèis**

Bha fèill mhòr aig a' mhòr-shluagh agus na meadhanan air a' phrògram Fèis againn, anns an robh tachartasan a thug iongnadh is tlachd do dhaoine ionadail agus luchd-turais. Chruthaich sinn làraich ùr dha Iomall na Fèis aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an com-pàirteachas le Gilded Balloon anns an robh taisbeanaidhean comadaidh, dràma, chloinne, ciùil agus labhairteach. Bha cuirmean ciùil an-asgaidh ann aig àm-lòin, taisbeanaidhean dannsa aig Grand Gallery, agus sreath de thrì tachartasan *After Hours*. Gu dearbh, cha tèid an Lùnastal sin an dìochuimhne.

### **Dòigh-smaoineachaidh ùr**

Tha an sreath thachartasan againn airson daoine a tha iomagaineach mu bhith a' tadhal air taigh-tasgaidh trang a' sior-dhol am feabhas. Tha seiseanan cunbhalach an-asgaidh againn, *Museums Socials*, deasaichte airson daoine air a bheil dementia agus an càirdean, caraidean is luchd-taic, far am faighear àite socair agus srùpag is cèic, agus gnìomh co-cheangailte ris na cruinneachaidhean a dhèanamh. Am-bliadhna, chùm sinn trì tachartasan taobh a-muigh uairean an taigh-tasgaidh a leig le daoine òga a th' air scèile autism tlachd fhaighinn às na taisbeanaidhean againn aig àm nas socaire is nas sàmhaiche, agus airson barrachd a chluinntinn mu obair an luchd-glèidhidh.

### **Beathaichean a' buannachadh**

Thaisbean an Taigh-tasgaidh Dùthchail Nàiseanta cuid de a sprèidh aig Fèill Àiteachais Rìoghail na h-Alba a-rithist airson an dàrna bliadhna. Rinn dà bheathach bho sprèidh-bainne Kitchside a' chùis, bha Nora Louise san dàrna àite agus Napier aig Kitchside Carrie san dàrna agus sa cheathramh àite. Tha seo air aon de na co-fharpaisean anns an gabh an sgioba tuathanachais pàirt gach bliadhna mar dòigh air an tuathanas agus sgilean an luchd-obrach a thaisbeanadh is iad a' glèidheadh dòighean tuathanais traidiseanta. Tha Fèill Àiteachais Rìoghail na h-Alba, aig am bi 200,000 luchd-tadhail, cudromach airson fios mun taigh-tasgaidh a thoirt don choimhearsnachd tuathanais agus daoine a dh'fhaodadh tadhal san àm ri teachd.

## **Leasachadh Didseatach**

Tha e mar fhiachaibh oirnn ar cuid obrach air-loidhne a leudachadh a rèir na Ro-innleachd ùire againn tro chom-pàirtichean didseatach, leasachaidhean lìn agus na meadhanan-sòisealta.

Tha sinn air taisbeanaidhean didseatach a chruthachadh am-bliadhna a chùim taic ris na leasachaidhean ùra againn agus airson ceangal a dhèanamh eadar taghadh nas fharsainge de dhaoine às bith càit am bi iad agus na cruinneachaidhean againn.

### **A' foillseachadh barrachd**

Chruthaich sinn dà thaisbeanadh air-loidhne co-cheangailte ris na gaileiridhean ùra againn a leigeas le luchd-tadhail barrachd eòlais a chur air na cruinneachaidhean. Fhuair sinn taic bho Wellcome airson nan gaileiridhean Saidheans is Teicneolais airson *Gen* a chruthachadh, geama anns a bheilear ag iarraidh air daoine tinneasan a th' air beathach didseatach a shònrachadh is a leigheas, agus a' cur fìor nithean meidigeach anns na gaileiridhean gu feum. Anns a' ghaileiridh Fasain is Stoidhle, the trèoraiche fòn-làimhe gur stiùireadh tro phreas-aodaich an taigh-tasgaidh. Tha dealbhan mionaideach ann agus cuairtean 360° mu thimcheall an aodaich ann, a' leigeil le luchd-tadhail an t-aodach fhaicinn gu dlùth agus an cur ann an seagh eachdraidh fasain is dealbhaidh.

### **A' rannsachadh barrachd**

'S ann anns an roinn Explore den làraich-lìn againn a tha cruinneachaidhean, sgeulachdan, geamannan is goireasan gan cruinneachadh - àite far am faigh daoine fios air nithean a chunnaic iad san taigh-tasgaidh, agus far am faigh daoine nach urrainn tadhal eòlas air sgeulachdan nan cruinneachaidhean. An dèidh sgrùdadh mionaideach air an luchd-tadhail, tha sinn air an làrach-lìn againn a dhèanamh às ùr, agus tha àrdachadh de 13% agus còrr is 550,000 seisean ri fhaicinn anns a' chiad trì mìosan. Choisinn an obair seo Duais Cruthachaidh na h-Alba airson Ro-innleachd Dhidseatach.

### **A' sgaoileadh barrachd**

Bidh sinn a' cur ris na clàraidhean air an stòr-dàta air-loidhne againn daonnan, agus tha còrr is 400,000 clàr ri fhaotainn air-loidhne. Bidh sinn a' cur ris fad na bliadhna, agus sinn ag amas air 600,000 clàr ro dheireadh a' Mhàirt 2017. Bidh cothrom aig daoine air feadh an t-saoghail tlachd fhaighinn às na clàraidhean seo.

1.98 millean tadhal air an làraich-lìn ann an 2015/16  
130,000 Luchd-leantainn air na meadhanan-sòisealta



## **A' Tasgadh agus A' Glèidheadh**

'S e goireas cudromach eadar-nàiseanta a th' anns a' chruinneachadh àraid againn - gu h-eachdraidheil, gu cultarail agus gu h-innleachdail. Tha sinn a' toirt cothroman cleachdaidh nan cruinneachaidhean againn am feabhas airson rannsachaidh, glèidhidh is ionnsachaidh an cois leasachaidh a bharrachd aig Ionad Cruinneachaidhean nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Dh'fhosgail Fiona Hyslop, Rùnaire Caibineit airson Cultair, Turasachd is Chùisean Cèin ionad rannsachaidh is stòrais ùr-nodha airson nan cruinneachaidhean air na Saidheansan Nàdarra agus Eachdraidh is Airceòlas na h-Alba. Tha cothroman cleachdaidh agus obrach nas fhasa an cois a' ghoireis ùir, a tha air leigeil leinn tadhalan rannsachaidh a leudachadh, cùram nan cruinneachaidhean a thoirt am feabhas agus rannsachadh ùr-nodha agus eadar-cuspaireil a leasachadh.

Tha mòran ri dhèanamh fhathast airson na togalaichean aig an Ionad a leasachadh agus ùrachadh. Tha ìre ùr de dh'obair togail air tòiseachadh airson na goireasan glèidhidh is sgrùdadh a leasachadh, a tha riatanach nar cuid obrach, agus a bhios a' cumail taic rinn anns na taighean-tasgaidh agus an lùib thursan nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Anns na gaileiridhean ùra aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, dh'ullaich an luchd-obrach na mìltean de nithean airson taisbeanaidh, càraidh is glanaidh, a' dealbhadh shorchanan sònraichte agus ag eagrachadh aiseig nan nithean don Taigh-tasgaidh airson an deisealachadh airson taisbeanaidh.

## **Ag Eagrachadh nan Àrd-amasan**

Tha sinn moiteil às na tha sinn air cur ri cruthachadh is brosnachadh cultar na h-Alba ann an seagh eadar-nàiseanta. Tha beachdan-smuain dàna agus soirbheachadh dearbhte air ar cuideachadh, ach feumaidh sinn cumail oirnn le beachdan ùra – a' coimhead romhainn le amasan miannach a leigeas leinn a' bhuidheann againn a leasachadh.

Leasaich sinn Ro-innleachd ùr am-bliadhna anns a bheil amasan Taighean-tasgaidh na h-Alba 2016-20 gan cur an cèill. Tha i a' sònrachadh nan cothroman agus nan dùbhlanan a bhios romhainn san àm ri teachd.

Ged a tha sinn ag obair ann an saoghal ionmhais a tha a' sìor-fhàs nas dùbhlanaiche, tha na h-amasan againn airson na goireasan is seirbhisean againn a leasachadh agus a' bhuidheann againn ann an Alba agus thall thairis a neartachadh cho cudromach dhuinn 's a bha iad a-riamh. Tha sinn airson togail air an iomadh buaidh a choisinn sinn thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh airson dèanamh cinnteach gu bheil na Cruinneachaidhean Nàiseanta gan glèidheadh ann an dòigh nas èifeachdaiche, gan cleachdadh le barrachd dhaoine, agus an deagh chliù againn ga sgaoileadh. Tha sinn airson am prògram againn a leudachadh, agus inbhe agus cliù a neartachadh ceum air cheum. Cuiridh sinn barrachd cuideim air a' bhuidheann againn taobh a-muigh nan taighean-tasgaidh, agus anns an Dàmhair 2016 dh'fhoillsich sinn Ro-innleachd Nàiseanta a tha a' daingneachadh na dòigh-obrach nàiseanta againn tro thursan, roinn sgilean is eòlais agus com-pàirteachadh airson luchd-tadhail a thàladh. Bidh sinn cuideachd a' cur teicneolas didseatach gu feum airson cleachdadh nan cruinneachaidhean againn ùrachadh agus atharrachaidhean a dhèanamh sna dòighean obrachaidh is maoineachaidh againn.

Faodar an Ro-innleachd iomlan fhaighinn aig [www.nms.ac.uk](http://www.nms.ac.uk)

## **Buidheachas**

### **Taic maoineachaidh**

Cha bhiodh mòran de na rudan air leth a chaidh a dhèanamh ann an 2016 air a bhith comasach, a leithid obair ùrachaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich agus Ionad Cruinneachaidhean nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta, mura b' e an luchd-taic againn.

Tha sinn an taing an luchd-taic gu lèir againn airson an cuid dealais do na taighean-tasgaidh. Tha an taic sin air cuideachadh le cruthachadh thaisbeanaidhean, ùrachadh thogalaichean, leasachadh ghaileiridhean ùra, obair rannsachaidh ùir a dhèanamh, tachartasan coimhearsnachd a chur an sàs agus prògraman sgoile a leudachadh. Mar thoradh air sin faodaidh daoine tlachd fhaighinn às ulaidhean na h-Alba is an cuid sgeulachdan agus thèid ginealaichean ùra de luchd-tadhail a bhrosnachadh.

### **An luchd-taic againn ann an 2015/16**

#### **Prìomh Luchd-maoineachaidh**

Maoin Dualchais a' Chrannchair  
Riaghaltas na h-Alba

#### **Urrasan agus Buidhnean Eile**

Aonadh Tuathanais Nàiseanta Alba  
Bernard Quaritch Ltd  
Club Ola na h-Alba  
Cluicheadairean Crannchar Cod-puist a' Mhòir-shluaigh  
Comann Rìoghail Bith-eòlais  
Comhairle Lodainn an Ear  
Edinburgh Decorative & Fine Arts Society  
EventScotland  
Ionad Paul Mellon airson Rannsachaidh ann an Ealain Bhreatainn  
Maoin Dualchais a' Chrannchair – Freumhan Òga  
Maoin Dunard  
Stèidheachd Glèidhidh SeaWorld agus Busch Gardens  
Stèidheachd Henry Moore  
Stèidheachd Hugh Fhriseil  
Stèidheachd Ronald Miller  
Stèidheachd ScottishPower  
Stèidheachd Sir Tom Farmer  
Stèidheachd Wolfson  
Stèidheachd William Ghrannnd  
Stiùirichean Artemis Intelligent Power  
The Goldsmiths Company  
Urras Arc-eòlach Èipheiteach na h-Alba  
Urras Binks  
Urras Carthannach Clann-nighean Ross  
Urras Carthannach Jean agus Roger Miller  
Urras Carthannach Margaret Murdoch  
Urras Carthannach Morton  
Urras Carthannach Nancie Massey  
Urras Carthannach Robert O Curle  
Urras Carthannach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba  
Urras Castansa  
Urras Hope Scott  
Urras Robasdain

Urras MhicRaibeirt  
Viridor Credits Environmental Company  
Wellcome  
Zalando GmbH

**Daoine fa leth agus dileaban**

Susan Albury  
Patricia Barclay  
Mary Bownes agus Michael Greaves  
Sir Robert Clerk  
Neil agus Katie Clyne  
Agnes J Cruickshank nach maireann  
Sir Tom agus a' Bhean-uasal Farmer  
Sir Angus agus a' Bhean-uasal Grossart  
Ban-dubhairiche Hamaltan  
Christine Lessels  
Lynda Logan  
Iain agus Andrea MacAoidh  
Donald agus Louise MacDhòmhnail  
Murdoch MacFhilip  
Robert Ian Moireach nach maireann  
Anne agus Matthew Richards  
June G Rutterford  
William Samuel  
Walter Grant Scott  
George agus Moira Stewart

**Corporra**

Allander Print  
Artemis Investment Management LLP  
Baillie Gifford Investment Managers  
Brewin Dolphin Ltd  
Diageo  
The Glenmorangie Company Ltd  
Morton Fraser  
Shepherd + Wedderburn  
Stewart Investors

**Stèidheachd Ameireaganach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

Prudence E Carlson  
David L Kerr  
James B Luke  
William C MacLeòid  
Stèidheachd Negaunee  
Terry Sheridan  
Andrew Shewan  
Jane Trevarthen-Traub  
Stèidheachd K.T. Wiedemann

**Luchd-taic**

Alan agus Karen Aitchison  
Geoffrey agus Mary Ball  
Patricia Barclay  
Jennifer, Bana-mharcas Bhòid  
Malcolm Bowie

Morair agus Bean-uasal Camshron Loch a' Bhraoin  
Corinne Cervetti agus Adam Fowler  
Douglas agus Marjorie Connell  
Susan Cowell  
Colin Dempster agus Deborah NicThòmais  
Janice Dickson  
Sir David agus a' Bhean-uasal Edward  
Sir Gerald agus a' Bhean-uasal Elliot  
Nick Felisiak  
Mr Justice Angus Foster agus Dr Fiona Foster  
Sir Charles agus a' Bhean-uasal Friseal  
James agus Amanda Garden  
Gavin agus Kate Gemmell  
Am Morair agus a' Bhean-uasal Gòrdan à Srath Bhlàthain  
Ronald agus Mirren Greumach  
A' Bhean-uasal Ghrannnd  
Alexander Gray  
Kenny agus Julia Greig  
Donald M Hardie  
J Douglas Home  
Am Morair agus a' Bhean-uasal Hope à Craighead  
Flora Hunter  
Barrie agus Janey Lambie  
Brian agus Tari Lang  
Robert agus Shona Lightbody  
Roger Lindsay à Craighall  
Simon agus Catriona Mac an Tòisich  
Alexander agus Elizabeth MacColla Mac a' Ghobhainn  
Duncan agus Ellie MacFhionghain  
Alan Maclain  
Miller agus Anne MacillEathain  
Angus MacLeòid agus Campbell Armour  
Malcolm MacLeòid  
Sir Hamish agus a' Bhean-uasal MacLeòid  
Am Morair agus a' Bhean-uasal MacUilleim à Tillyorn  
Chris agus Gill Masters  
James agus Iris Miller  
Keith agus Lee Miller  
Sir Ronald agus a' Bhean-uasal Miller  
Malcolm agus Muriel Moireach  
Tom agus Susan Moireach  
Derek agus Maureen Moss  
Fenella NicillEathain  
Nicola Pickavance  
Sir William agus a' Bhean-uasal Purves  
Ian Rankin agus Miranda Harvey  
Roger A Lindsay à Craighall  
Shirley Richardson  
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson  
Iarla agus Ban-iarla Rosebery  
Colin agus Hilary Ross  
Ian agus Fiona Russell  
June Rutterford  
Barry agus Helen Sealey  
Andrew agus Alison Shepherd

Alan agus Frances Steel  
Ian agus Flora Sword  
Nick agus Katherine Thomas  
Ian Tudhope agus Lindy Patterson  
Dr Mark Urchardan  
Max Ward agus a' Bhean-uasal Sarah Ward  
Elizabeth G Whitelaw  
Graham Whyte agus Sarah Whitley  
Colin agus Helen Weddell  
Eilidh Wiseman  
Bill Zachs agus Martin Adam

Tha sinn cuideachd airson taing a thoirt dhaibhsan a tha air stiùireadh, eòlas agus ùine a thoirt seachad airson taic a chumail ri obair Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

#### **Bòrd nan Urrasairean**

Bruce Minto OBE, Cathraiche  
An t-Àrd-ollamh Christopher Breward  
Dr Isabel F Bruce OBE  
Gordon Drummond  
Chris Fletcher  
Dr Anna Gregor CBE  
Andrew Holmes  
Dr Brian Lang CBE  
Lynda Logan  
Miller Macilleathain  
Dr Catriona NicDhòmhnaill  
An t-Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE  
James Troughton  
Eilidh Wiseman

#### **Bòrd Iomairtean Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

Gordon Drummond, Cathraiche  
Bruce Minto OBE  
Dr Gordon Rintoul CBE  
David Spilsbury  
Stephen Whitelaw  
Julie Wilson

#### **Bòrd Leasachaidh**

Malcolm Offord, Cathraiche  
Colin Dempster  
Michael Laing  
Lynda Logan  
Bruce Minto OBE  
An t-Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE  
Leith Robasdan  
A' Bhean-uasal Shona Stiùbhart  
Eric Young

#### **Stiùirichean Stèidheachd Ameireaganach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

Christopher Gow  
Lynda Logan  
A J C Mac a' Ghobhainn  
Frederick B Whitemore

**Pannal Comhairle Saidheans agus Teicneolais**

An t-Àrd-ollamh Mary Bownes OBE

Dr Simon Gage OBE

Chris van der Kuyl

An t-Àrd-ollamh Jon Oberlander

Heather Reid

Dr Ian Ritchie

An t-Àrd-ollamh Sir John Savill

An t-Àrd-ollamh Wilson Sibbett

An t-Àrd-ollamh Graham Wren

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do dh'Urrasairean Urras Carthannach nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta airson an cuid taic leantainneach.

James MacFhearghais, Cathraiche

Dr Isabel Bruce OBE

A' Bhean Urramach Kathleen Dalyell of The Binns

A' Bhean-uasal Elizabeth Edward

Jo Elliot

Martin Mac na Ceàrdaich

Bruce Minto OBE

Tha an tuilleadh fios air ciamar a b' urrainnear a thighinn an sàs no taic a chumail ri ar cuid obrach aig an Sgioba Leasachaidh againn air 0131 247 4095, no [development@nms.ac.uk](mailto:development@nms.ac.uk)

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' glèidheadh cruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh is gam mìneachadh airson raon farsaing de dhaoine.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh  
Ionad Chruinneachaidhean nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Tha an Aithisg agus Cunntasan Bliadhnaile againn ri fhaighinn aig [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Tha an dreachd Beurla den Ath-sgrùdadh seo ri fhaighinn aig [www.nms.ac.uk/review-2016](http://www.nms.ac.uk/review-2016)

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba  
Sràid Chambers  
Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789  
[info@nms.ac.uk](mailto:info@nms.ac.uk)  
[www.nms.ac.uk](http://www.nms.ac.uk)

Àireamh Carthannais Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba SC011130

Tha an t-Ath-sgrùdadh seo ri fhaighinn ann an clò mòr, Braille agus air CD.